Bha mise an làthair aig cùrsa trèanaidh ann am Peairt, 4 – 5 An t–Samhain a chur Calum Alex air dòigh. ‘S e amas na cùrsa barrachd dhaoine fhaighinn airson pàirt a’ ghabhail anns a’ phròiseact “Sgioba-G.” ‘S e cion dhaoine aig an robh comasan airson bùthan-obrach “Sgioba-G” a chur air dòigh aig Fèisean aon de na prìomh dhuilgheadasan a bh’ againn leis a’ phròiseact gu ruige seo. Thàinig còignear duine deug a Pheairt airson pàirt a ghabhail sa chùrsa, agus tha mi tòrr nas dòchasaiche a-nis gu bheil daoine gu leòr againn airson am pròiseact seo a chur air bhonn aig ìre nas soirbheachail.

A bharrachd air sin, tha mi ag obair gu math dlùth le Dougie Beck air pròiseact drama Eilean Leòdhais agus na Hearadh agus cuairt “Meanbh-Chuileag”. Cuideachd le Christine Nic an t–Saoir agus Dougie air pròiseact drama Earra-Ghàidheal.

Thairis air a mhìos a tha romhainn, bidh mi ag obair air tagradh bhliadhnail Bòrd na Gàidhlig, airson leasachaidhean Gàidhlig ann an 2007/8. Feumaidh an iarrtais ùr seo a bhith leantainn “Plana Nàiseanta na Gàidhlig” agus na còig prìomhachasan a th’aca – spionnadh, inbhe, conaltradh, foghlam agus cultar.

Chuir mi freagairt as leth Fèisean nan Gàidheal a-steach gu Bòrd na Gàidhlig mar phàirt de co-chomhairliche phoblach a bh’ aca airson an dreachd plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Fèis Blas

Bha mise an sàs gu mòr le “Blas” aig toiseach an t–Sultain. Bha mi nam Fhear-an-taighe aig trì cuirmean-ciùil air feadh na Gàidhealtachd agus chòrd a h-uile fear dhuibh riumsa. Tha mise nam chathraiche de na buidheann gnìomh aig Blas agus tha mi toilichte a ràdh gun robh an Fhèis fhèin gu math soirbheachail. Phàigh tòrr is còig mìle daoine a-steach dha na consartan air fad, agus reic sinn cuid as motha de na tiocaidean ro làimhe. Bha na “Cèilidh Trails” an sàs gu mòr cuideachd, agus tha mi den bheachd gu bheil Blas gu math taiceil dha na h-amasan aig Fèisean air feadh na Gàidhealtachd. A bharrachd air sin, bha suidheachadh na Gàidhlig gu math làidir aig Blas agus ‘s e deagh eisimpleir a th’ ann airson fèisean ciùil eile a bhith cuir Gàidhlig nas fhaisg air meadhan chùisean, an àite a bhith air an iomall.

Tha sinn ag obair gu math trang an-dràsta air prògram Blas 2007, leis an amas gum bidh a h–uile rud deiseil a bhith ann an clò aig toiseach na bliadhna. Tha sinn ag aithneachadh gum bidh tòrr co-fharpais bho thachartasan eile ann an 2007 agus feumaidh sinn a bhith tòrr nas sgiobalta leis an obair mhargaidheachd againne na bha sinn riamh roimhe.

Bha mise an làthair aig coinneamh “Promoters Arts Network Forum” ann an Srath Pheofharain far an d’ rinn mi taisbeanadh mu dheidhinn Blas agus fhuair iad cothrom ceistean fhaighneachd.

Trèanadh

Fhuair mi trèanadh ann an "Adobe Audition" bho Chris DePlano ann an Inbhir Nis, 24 An Dàmhair. 'S e amas a th' againn "podcast" a dhèanamh gach ràithe airson làrach-lìn ùr Fèisean nan Gàidheal.

Coinneamhan agus co-obrach le buidhnean eile

- Coinneamh a' Bhùird ann am Beinn na Faoghla, 15 An t-Sultain.
- Bha mi nam bhrìtheamh aig a' mhòd ionadail aig a' Phloc, 29 An t-Sultain.
- Bha mi aig coinneamh ann am Baile nan Granddach le Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a bruidhinn mu dheidhinn "cuairt chèilidh" a chur air dòigh, 26 An t-Sultain.
- Coinneamh PAN ann an Srath Pheofharain, 27 An t-Sultain.
- Thachair mi ri An Dotair Anna Carr a tha ag obair ann an Oilthigh Otago, Seallainn Nuadh a bha ann an Alba a' dèanamh rannsachaidh air iomairtean cultarach a tha co-cheangailte le iomairtean chànanain agus iomairtean turasachd. Thàinig i còmhla rium gu Fèis a' Bhaile airson greis.
- Coinneamh de na prìomh buidhnean Gàidhlig, aig oifisean Bòrd na Gàidhlig, 16 An t-Samhain.
- Bha mi an làthair aig coinneamh Buidheann Gnìomh Fèisean nan Gàidheal ann an Taigh Òsda Chluanaidh, 15 An t - Samhain.

Tadhlaichean gu Fèisean

- Bha mi aig a' choinneamh bhliadhnail agus co-labhairt Fèisean nan Gàidheal ann am Beinn na Faoghla, 15 & 16 An t - Sultain.
- Bha mi gu math fortanach a bhith an làthair aig cuirm-ciùil "Ceòlraidh" a bh' aig Fèis Rois ann an Inbhir Pheofharain, 30 An t-Sultain.
- Bha mise an làthair aig Fèis a' Bhaile, Inbhir Nis, 16 & 17 An Dàmhair far an robh an sluagh as motha a bh' aca riamh a' gabhail pàirt, agus bha mise a' smaoinneachadh gun d' rinn iad obair fìor mhath ann a bhith a' togail inbhe na Gàidhlig aig an Fhèis, mar eisimpleir tòrr soidhnichean Gàidhlig timcheall an àite.
- Thachair mi le Judith Bullivant, Fèis Spè ann am Baile nan Granddach, 26 An Dàmhair.

Iona MacDonald, Training Development Officer

A' tighinn faisg air deireadh na bliadhna, tha sinn an dùil ri fiosrachadh bho HIPP (ESF) air an iarrtas-airgid a chur sinn a-staigh. Tha seo airson barrachd na £80K (thigeadh £40K bhon ESF) airson na cùrsaichean trèanaidh againn. Thèid coinneamh a chumail aig toiseach an Dùbhlachd, agus gheibh sinn a-mach às dèidh sin.

Fiosrachadh air cùrsaichean

- A' Cruinneachadh Cultair – Inbhir Nis – 28 An Dàmhair 2006 – Le Cailean MacGill-Eain agus DW Stiùbhart
- Ceòl Beag – Port Rìgh – 18/19 An t-Samhain - air a chur dheth
- Trèanadh do chomataidhean – Tha seo gu bhith tachairt aig toiseach a' Ghearrain, ann an Inbhir Nis. Dreach de chlàr-ama mar a leanas:

| Fèisean nan Gàidheal Training Market (Draft) | | | | | | | |
|---|--|--|-------|---|---|------------------|---------------|
| Inverness, 3/4 February 2007 | | | | | | | |
| Saturday | 9.30 - 10 | 10 - 11.15 | Break | 11.30 - 1 | 1pm -2pm Lunch | 2.00 - 3.15 | Break 3.30 -5 |
| Room | | | | | | | |
| Ness Room | Welcome | First Aid (all day...) with Bob Law, RML | | | | Safety Training | |
| Rm 1 | Gaelic 1 (Beginners) With Gilleasbuig Ferguson | Gaelic 2 (Improvers) | Lunch | Gaelic 3 (Grammar) | Gaelic 4 (Writing) | | |
| Rm 2 | Computer Basics (1) Word with Marion Douglas | Outlook Email with Marion Douglas | Lunch | Computer Basics (2) Excel with Marion Douglas | Computer Databases with Marion Douglas | | |
| Rm 3 | Marketing & Press | Child Protection | Lunch | Committee & Board | Fundraising | Responsibilities | |

| | | | | | | |
|--------------------------|----------|---|----------------------|-----------|--------------------------------------|--------|
| Kenneth St Hall | | | | Lunch | Iona | |
| Using PA with David Boag | | | | | | |
| Sunday | 9.30 -10 | 10 - 11.15 | 11.30 - 1 | 1pm - 2pm | 2.00 - 3.15 | Finish |
| Rm 1 | | Risk Assessment | Accounting/Budgeting | Lunch | Event Management & Fèis Organisation | |
| Rm 2 | | Gaelic Activities for Kids Dougie/Calum Alex | Web Design | Lunch | Nicola et al Graphics for Posters | |
| Rm 3 | | Highland History/Culture Iona | Gaelic Music & Song | Lunch | Celtic Art Projects Jane Bregazzi | |

- Aig Coinneamh Bliadhnaile Fèisean nan Gàidheal air 15/16 An t-Sultain ann am Beinn na Faoghla, chuala sinn bho Chathlin NicAmhlaigh, Sgoil Eòlais na h-Alba. Thug i seachad òraid fìor-mhath, tarraingeach agus brosnachail air obair na sgoile ann an Uibhist. Thadhail sinn air thaighean-tasgaidh ann an Uibhist cuideachd, agus fhuair sinn aithris bho Thommy Dòmhnallach fhad sa bha sinn a' siubhal mun cuairt a bha sgoilearach agus inntinneach.
- Anns an eadar-ama, tha na cùrsaichean maireannach fhathast a' tachairt, leithid An Cùrsa Inntirigidh, trèanadh luchd-obrach agus leasachaidhean airson na h-ath-bhliadhna.
- Cuideachd, tha cinn-latha againn airson trèanadh do luchd-teagaisg nam fèisean (Ire 1 agus 2) agus bidh sin a' tachairt aig Sabhal Mòr Ostaig air 17/18 An Gearran 2007.
- Obair Eile
- TMTTN – Ag obair air stuth taic do cholasidean agus an cùrsa luchd-teagaisg a ruith.
- GASD – ag obair air feumalachdan agus leasachadh luchd-obrach anns na h-ealain Gàidhlig.

Nicola Marshall, Oifigear Leasachaidh

Bha mi a-muigh mun cuairt anns an t-Sultain. Aig toiseach am mìos bha mi aig consartan Blas agus bha e math a' tadhail air na sgìrean dùthchail. A bharrachd air sin, bha mi anns an Eilean Sgitheanach airson latha no dha ro an coinneamh-bhliadhnaile againn. Chòrd an turas gu Uibhist ruim gu mòr, gu h-àraidh an t-side! Bha an Dàmhair trang le fèisean agus a' nis tha mi trang leis an obair àbhaisteach agam, pròiseactan airson 2007 agus pròiseact ùr airson Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh. Cuideachd, tha mi fhèin agus na h-oifigearan-leasachaidh eile a' cur crìoch air leabhar-làimhe airson na fèisean air fad.

Fèisean

Fèis a' Bhaile

Bha am prìomh fhèis air anns an darna seachdain dhan Dàmhair le 80 com-pàirtichean agus bha seachdain sgoinneil aig a h-uile duine. Tha na clasaichean drama a' leantainn mar as àbhaist agus bidh coinneamh agam an seachdain seo le Katie Adam agus Maree Nicolson mu dheidhinn leasachadh an obair aig Maree.

Fèis a' Bhealaich

Bha mìos trang aig Fèis a' Bhealaich anns an t-Sultain. Bha consart Blas ann an talla-bhaile a' Chomraich, bha e glè thrang agus chòrd an oidhche leis a h-uile duine. Goirid an dèidh sin bha am prìomh fhèis aca.

Fèis Chataibh

Anns an t-Sultain bha cothrom aig na Cèilidh Trailers a bhith cluiche aig Blas, chòrd sin riutha gu mòr. Chaidh mi dhan coinneamh bhliadhnaile aig Fèis Chataibh air an 28 Sultain agus bha an comataidh toilichte fàilte a chur air dithis bhuill ùr. A-nis, tha iad a' tòiseachadh ag obair air na planaichean airson an ath fhèis aca. Bidh sin a' tachairt anns a' chiad seachdain den Iuchar mar as àbhaist.

Fèis Chille Mhoraig

Chaidh am prìomh fhèis aca a chumail anns an aonad Craigmorie. Bha beagan dragh air a' chomataidh ro an fhèis oir cha robh na h-àireamhan ro àrd sa bha iad an-uiridh ach air an latha bha e ceart gu leòr. Bidh an choinneamh bhliadhnail aca an ath-sheachdain.

Fèis an Earraich

Bha na Cèilidh Trailers bho Fèis an Earraich a' cluich aig Blas cuideachd, rinn iad ceithir consartan agus bha iad glè mhath. Tha feadhainn bhon an Cèilidh Trail agus com-pàirtichean eile air cuairt ann an Èirinn an-dràsta, bho stiùir dithis dhan a' chomataidh. Bidh a' choinneamh-bhliadhnail aig Fèis an Earraich anns na seachdainean tha ri thighinn.

Fèis Gleann Albainn

Tha mi fhathast ag obair còmhla ri Fèis Gleann Albainn air 'Nessfest' agus tha am pròiseact tighinn air adhart glè mhath. Cuideachd, tha an comataidh ag obair gu math cruaidh air Fèis nan Inbhich aca, bidh seo a' tachairt anns a' Ghearran.

Fèis Inbhir Narann

Chaidh am prìomh fhèis a chumail ann an Àrd Sgoil Inbhir Narann aig toiseach an Dàmhair. Bha an fhèis fhosgailte gu clann agus inbhich agus fhuair iad teagasg eòlaiche. Tha na clasaichean cunbhalach aca fhathast a' dol.

Fèis na h-Òige

Tha an fhèis fhathast a' ruith clasaichean ann an seinn airson deugairean agus tha iad gu math soirbheachail. Chuir mi fhèin agus comataidh an fhèis sreath bùthan-obrach ealain air dòigh mar phàirt den pròiseact aca airson Gaidhealtachd 2007. Aig a' bhùth-obrach mu dheireadh, bha 'De a Nis?' còmhla rinn airson an latha agus tha sinn an dòchas gun till iad nuair a thoisicheas an taisbeanadh.

Fèis Spè

Tha Fèis Spè glè thrang mar as àbhaist. Bha am prìomh fhèis aca anns an Dàmhair ann am Baile na Grand. An seachdain seo-chaidh chur iad air dòigh 'Marathon Strip the Willow' airson airgead a thogail airson an fhèis. Bidh 'Winter Cèilidh Trail' aca mar as àbhaist air feadh na sgìre agus bidh mi fhèin agus Daibhidh Boag ag obair còmhla riutha agus Cairngorm Leader+ air pròiseact ùra airson am Pàirc Nàiseanta.

Fèis Farr

Thoisich sreath ùr de chlasaichean aig Fèis Farr am mìos seo agus bidh iad a' ruith gach mìos suas gun a' Ghiblean.

Fèis Throdairnis

Chaidh mi gu coinneamh bhliadhnail Fèis Throdairnis aig toiseach an t-Sultain agus chaidh aontachadh nach tèid an Fhèis air adhart aig an àm seo air sgath 's nach eil iad a' faighinn mòran taic bhon an coimhearsnachd agus bha cuid den a' chomataidh air an sgìre fhàgail. Tha tòrr ionnsramaidean-chiùil na Fèise air chall agus tha iad an dòchas gum faigh iad na h-ionnsramaidean seo air ais. Bidh mi ag obair le buill a' chomataidh a tha air fhàgail son planaichean an Fhèis a dhèanamh an àrd anns na bliadhnaichean tha ri thighinn.

Fèis Ratharsaidh

Bidh am Fèis a' dol air adhart mar as àbhaist anns a' Ghearran agus tha Rebecca ag obair air form-iarrtais airson taic-airgead fhaighinn bho Comhairle Ealain na h-Alba.

Fèis Rois

Bha am Foghar glè thrang airson Fèis Rois. Bha iad an sàs ann am Blas agus bha Fèis nan deugairean ann cuideachd. An dràsta tha iad lorg neach-obrach ùr oir tha Chris Rasdale a' fàgail.

Fèis Air an Oir

Thadhal mi air Fèis Air an Oir nuair a bha mi air cuairt le Blas agus bha e math cluinntinn com-pàirtichean bhon fhèis a' cluiche aig a' chonsairt. Tha na clasaichean aca fhathast a' ruith gach cola-deug.

Fèis Alba

Bidh Feis Alba a gabhail àite a-rithist anns an Iuchar aig Àrd Sgoil a' Phluic.

Coinnemhan aig an robh mi a bharrachd air coinneamhan àbhaisteach

An Lùnastal

- 31 - Coinneamh le Judith Bullivant

An t-Sultain

- 1 - Blas – Inbhir Ùige
- - Blas – Strathy
- 7 - Blas – Rathairsair
- 8 - Blas – An Comraich
- 9 - Blas - Stafainn
- 14 - Coinneamh luchd-obrach, Port Rìgh
- 15 – 16 FhG Coinneamh bliadhna & co-labhairt
- 25 - Coinneamh Blas , Inbhir Nis

An Dàmhair

- 5 - Tadhail Fèis Inbhir Narann
- 13 - Tadhail Fèis Spè
- 16 - Fèis a' Bhaile
- 17 - Fèis a' Bhaile
- 23 - Coinneamh le Ingrid agus Christine, An Gearasdan
- 26 - Coinneamh le Cairngorm Leader+, Baile nan Granddach
- 27 - Coinneamh Blas, Strathpeffer
- 31 - Coinneamh neo-fhoirmeil le Mairi Oakley

An t-Samhain

- 7 - Coinneamh le Bill Sylvester, Florians Theatre
- 7 - Coinneamh Nessfest, Cille Chuimein
- 14 - RSAMD/SAC Buidheann-fòcas airson Trèanadh & Leasachadh
- 18 - Cuideachadh aig bùth-obrach Fèis na h-Òige
- 21 - Coinneamh Blas, An Gearasdan

Ingrid Henderson, Oifigear Leasaichaidh Fèisean Lochabair

Trang mar as àbhaist! Tha cuimhne agam nuair a bha ùine socair againn aig deireadh na bhliadhna ach chan eil sin a' tachairt a-nis le taic airgead a thagradh agus pròiseactan ùr a chur air dòigh airson 2007. Anns an fharsaingeachd tha obair na Fèise a' dol ceart gu leòr 'san sgìre seo; a bharrachd air na pròiseactan seo (gu h-ìosal) tha mi a' cumail taic ri na Fèisean bho latha gu latha agus a' bruidhinn riutha gach seachdain airson fiosrachadh agus comhairle a thoirt dhaibh.

Blas:

Bha an fhèis Blas gu math soirbheachail am bliadhna agus bha naoi consartan san sgìre Lochabair. Bha mise aig gach consart ach aon, mar rianadair neo Bean an Taighe agus chòrd iad rium gu mòr. Bha an còmhlan, "Cèilidh air Chuairt" a' cluich cuideachd agus rinn iad sgoinneil fhèin.

Tha sinn a nise a' coinneachadh airson Blas 2007 a chur air gnìomh agus tha rudan a' tighinn air adhart glè mhath. Tha sinne a' cur beachdan a-staigh an-dràsta airson luchd-ciùil, àiteachan freagarrach, pròiseactan ùra agus tha sinn an dòchas gum bi am prògram air loidhne aig deireadh An Fhaoilleach.

Cèilidhean air Chuairt

Mar a thuirt mi sa phìos Bhlàs, bha na cluicheadairean air leth math mar phàirt de Bhlàs. Tha iad a' cluich a-rithist aon uair eile aig Duaisean Ciùil Thraidiseanta Albannach anns a' Ghearasdan agus an uairsin bidh sinn a' tòiseachadh a' sireadh luchd-ciùil ùra airson 2007.

Tha mise an-dràsda a' cur crìoch air na formaichean tagraiche airson Leader+ agus Iomairt Lochabair airson an turas mu dheireadh. An ath bhliadhna, bidh an t-airgead a' tighinn bhon aon freumh tro Fèisean nan Gàidheal, le taic bho Iomairt na Gaidhealtachd.

Iarrtasan

Tha mi air a bhith ag obair air mòran diofar iarrtasan as leth na Fèisean, airson taic-airgid fhaighinn. Tha am fiosrachadh seo gu h-ìosal.

| Fèis | Mion - Fhiosrachadh | Suim | Ceum |
|-----------------|---|---------|---|
| Òigridh na Mara | A' ceannaich innealan ciùil agus buidheann obrach | £8500 | Soirbheachail agus a' ruith. £5000 |
| Garbh Chrìochan | Goireasan iomain a' cruinneachadh | £2000 | Thàinig iad air ais airson barrachd fiosrachaidh ach tha e deiseil a-nis. |
| Eige | A' ceannachd innealan-ciùil | c £1500 | Thàinig iad air ais airson barrachd fiosrachaidh ach tha e deiseil a-nis. |
| Glenfinnan 07 | Clasaichean Gàidhlig agus tachartasan airson 2007 | £9000 | Deiseil. A' feitheamh airson freagairt. |

Iomairt Ciùil na h-Òigridh/ Obair na Sgoiltean

Tha bloc dha deiseil a-nis agus tha sinn dìreach feitheamh airson beagan fiosrachadh fhaighinn air ais bho na sgoiltean mu dheidhinn. Tha Fiona fhathast ag obair airson an sgeama pàirt ùine ach aig an àm seo tha i dèanamh barrachd obair leis na sgoiltean 's na h-Eileanan.

Tha na sgoiltean cuideachd airson rudan a dhèanamh airson 2007 am Bliadhna a chomharraicheas cultar na Ghàidhealtachd. Chaidh iarraidh orra rudeigin eile a dhèanamh a thaobh cultar agus tha seòrsa liosta aca le buidhnean a tha deònach stuth mar sin a dhèanamh. A chionn gu bheil Fèisean nan Gàidheal air an liosta thàinig gach cruinneachadh san sgìre seo a' faighneachd dhomh airson beachdan 's cosgaisean airson tachartasan. Rinn mi seo airson an ceathramh agus tha mi nise a' feitheamh airson freagairt. Ma tha iad airson na rudan seo a dhèanamh bidh sinn a' toirt seachad na pròiseactan mar stoidhle Iomairt Ciùil na h-Òigridh.

Bun sgoil Atharrachail

Tha mi fhathast a' feitheamh airson freagairt bho Brian Hemming mu dheidhinn VAT agus Comhairle na Gàidhealtachd. Tha e cha mhòr deiseil ach chan urrainn dhuinn crìoch a chur air an iarrtas seo gus am bi am fiosrachadh seo againn.

Tha pròiseact an togalach air fad air maille oir bha na tairgsean cho àrd agus bidh a' Chomhairle a' cuir coinneamh air dòigh aig toiseachd an Dùbhlachd agus bidh Lesley a' dol ann as leth Fèis nan Garbh Chrìochan.

Eile

Tha mi air a bhith a' bruidhinn ri Simon Thoumire agus a' cuideachadh le stuth airson na 'Trad Music Awards' Bidh na Fèisean a' cuideachadh air an oidhche fhèin agus tha feadhainn de na luchd ciùil againn a' cluiche tron an deireadh seachdain. Thèid an leabhar ùr Fèisean nan Gàidheal fhoillseachadh air an lath seo agus bidh sinn a' cuideachadh le ceòl airson seo.

Ionad Lochabair:

Chaidh mi dhan a' chiad choinneamh agam mar neach stiùiridh Ionad Lochabair aig deireadh an Dàmhair ann an Gleann Uige. Bha e gu math inntinneach agus tha mi cinnteach gum bith e feumail airson obair na Fèisean san àm ri teachd. Thachair sinn ris a' choimhearsnachd aig toiseach tòiseachaidh (tha seo a' tachairt gach àm) agus an uairsin bha coinneamh againn fhìn. Tha an ath choinneamh anns an Dùbhlachd agus bidh ceithir choinneamhan ann an ath bhliadhna.

Leabhar Iùil:

Tha mi fhìn agus na luchd obrach eile aig Fèisean nan Gàidheal air a bhith ag obair air seòrsa leabhar iùil airson na Fèisean. Fon ainm, "Mar a chuireas sibh Fèis air dòigh" 's e CD-R a th'ann làn de stuth a tha feumail airson

obair na Fèise a dhèanamh. Tha e deiseal a-nis agus bidh e a' dol a-mach an t-seachdain seo tighinn.

Choinneamhan 's tachartasan eile:

| | | |
|--------------|-------|--|
| An t-Sultain | 1-9 | Frithealadh aig Blas ann an Lochabair |
| | 13 | Coinneamh le Lesley, Feis nan Garbh Chriochan |
| | 14 | Coinneamh luchd obrach, Port Rìgh |
| | 15/16 | AGM Fèisean nan Gàidheal, Beinn nam Faoghla |
| | 25 | Coinneamh Blas, Inbhir Nis |
| | 28 | Coinneamh le Niki, Fèis Oigridh na Mara, Malaig |
| An Dàmhair | 2 | Coinneamh Buidheann Leasachaidh Gàidhlig Lochabair |
| | 6 | Ag obair le Lesley, Fèis nan Garbh Chriochan |
| | 9 | Turas gu Eilean Eige |
| | 10 | Coinneamh le Deirdre Nic Dhòmhnaill, Sgoiltean 'sa Ghearasdan |
| | 23 | Luchd obrach ri chèile ag obair air an paipear stiùiridh, An Gearasdan |
| | 24 | Coinneamh YMI, Cam Dhàil |
| | 27 | Coinneamh Blas Strath Pheofhair |
| | 27 | Cruinneachadh Fèis nan Garbh Chriochan |
| | 30 | Coinneamh Mod07, An Gearasdan |
| | 31 | Coinneamh Ionad Lochabair, Gleann Uige |
| An t-Samhain | 6 | Ag obair le Niki, Fèis Oigridh na Mara, Malaig |
| | 8 | Coinneamh le Simon Thoumire, Ionad Neibhis |
| | 9 | Coinneamh Gleann Fhionnan 07, Gleann Fhionnan |
| | 14 | Coinneamh Fèis Lochabair, Cam Dhàil |
| | 21 | Coinneamh Blas, Fort William |

Fiona NicAonghais, Oifigear Taice

As dèidh samhradh trang do Fèisean nan Eilean Siar, tha gnothaichean air a bhith beagan nas sochaire anns na mìosan mu dheireadh.

Tha feadhainn dè na Fèisean air a bhith a' cumail nan coinneamhan bhliadhnail aca, agus tha mi air a dhol thuca mas urrainn dhomh. Tha duilgheadasan air a bhith aca air nach eil daoine ùra a' nochdadh agus leis a sin chan eil uiread do thaghadh ann airson na comataidhean. Gu dearbh, chan e rud ùr a tha seo airson obair nam Fèisean no airson buidhnean saor-thoileach sam bith. 'S e na h-aon daoine a tha air a bhith gan ruith airson bliadhnaichean, agus tha iadsan a-nis airson gun gabh feadhainn eile thairis. Tha e riatanach agus cudromach gun gabh daoine anns an sgìre, gu h-àraid pàrantan le clann òg agus pàrantan an fheadhainn a tha a' gabhail pàirt, ùidh anns na Fèisean aca fhèin airson dèanamh cinnteach gun cum iad a' dol.

Anns na mìosan ri thighinn, tha mi gu bhith a' toirt seachad taic agus comhairle far a bheil feum aig na Fèisean air, gu h-àraid air pròiseactan ùra, a' cruinneachadh airgead agus cuideachadh air bileagan tabhartasan nam Fèis 2007/08 a' lìonadh a-steach. Bidh an ceathramh coinneamh sgìreil roinneil air a' chumail ann am Barraigh ro deireadh a' Mhàirt 2007, mas e nach urrainn do chuid mhòr de muinntir Fèisean nan Eilean Siar, a' dhol chun an trèanadh ann an Inbhirnis anns an Fhaoilleach. Bidh mi cuideachd a cumail orm a' bruidhinn agus a' cur post-dealain thuca, agus a bhith aig na coinneamhan mas urrainn dhomh.

Bidh mi stèidhichte ann an Uibhist airson an Fhaoilleach an ath bhliadhna, fhad 's a bhios mi a' dèanamh an greis gnìomhachas sgoile agam ann an Sgoil Lìonaclait.

Fèis Bharraigh

- Choinnich mi ri Oifigear Taic Fhèis Bharraigh ann am Beinn na Faoghla air 6 den Dàmhair, agus ann am Barraigh air 8 den t-Samhain.
- Chaidh ceisteachain phàrant a chuir ri chèile ag iarraidh beachdan air clasaichean, ionnstramaidean agus an Fhèis fhèin.
- Tha a' coinneamh bhliadhnail gu bhith ga chumail air 4 den Dùbhlachd.

Fèis Eilean an Fhraoich

- Bha mi aig coinneamh air 6 den t-Sultain
- Tha a’ choinneamh bhliadhnail gu bhith ga chumail air 30 den t-Samhain

Fèis Eilean na Hearadh

- Tha mi air a bhith a’ bruidhinn ris an neach-obrach rianachd.
- Chan eil an comataidh air coinneachadh fhathast bhon a bha an Fhèis aca.

Fèis Taigh Dhonnchaidh

- Tha mi air a bhith a’ bruidhinn ris an neach-obrach rianachd ùr

Fèis Tir a’ Mhurain

- Bha mi aig a’ choinneamh bhliadhnail air 5 den Dàmhair ann an Cill Donain
- Thòisich na clasaichean geamhraidh anns an t-Samhain.

Fèis Tir an Eòrna

- Bha mi aig a’ choinneamh bhliadhnail air 8 den t-Samhain ann an Càirinis – cha robh gu leòr ann a bha deònach a dhol air a’ chomataidh.
- Choinnich mi leis an rùnaire air 10 den t-Samhain airson ceisteachain phàrant a chur ri chèile.
- Bha mi aig coinneamh shònraichte eile ann air 22 den t-Samhain.

Fèis an Rubha

- Tha mi a’ cur fiosrachadh chun an rùnaire
- Chan eil an comataidh air coinneachadh fhathast bhon a bha an Fhèis aca.

Eile

- Bha mi aig coinneamh luchd-obrach ann am Portrìgh air 14 den t-Sultain.
- Bha mi aig a’ choinneamh bhliadhnail ann am Beinn nam Faoghla air 15 agus 16 An t-Sultain.
- Bha mi aig cruinneachadh de bhuidhnean Ealan 's Dualchais anns an Lanntair an Steòrnabhagh air 10 agus 11 den t-Samhain
- Choinnich mi ri Dougie Beck mu Pròiseact Dràma Leòdhais agus na Hearadh (PDLH) air 30 den Dàmhair ann an oifis Steòrnabhagh.
- Tha mi air a bhith a’ tadhal air sgoiltean airson beagan dràma a’ dhèanamh an luib PDLH – Sgoil a’ Bhac air 31 den Dàmhair agus Sgoil na h-Àirde air 3 den t-Samhain.
- Tha min dùil a’ dhol gu Sgoil an t-Òib air 22 den t-Samhain agus tadhal a-rithist air Sgoil na h-Àirde air 29 den t-Samhain.

Càiristiona Nic an t-Saoir, Oifigear Taice

Fèis Àrainn

- Sàmhach an-dràsta, ach a' coimhead airson airgid mar as àbhaist!
- Clasaichean fìdheall fhathast a' dol.

Fèis Dhùn Bhreatainn an Iar

- A' dèanamh deiseal airson an fhèis aca. Tha began trioblaid aca leas a "Development ùra" aca. Chan eil mi fhathast cinnteach an deach e air adhart!! Bidh mi a' dol gun a' choinneamh bhliadhnail aca aig deireadh na mìos agus bidh barrachd fios agam air de tha dol.

Fèis Innis a Uillt

- Tha iad an-dràsta a' coimhead air adhart airson luchd-teagaisg airson an ath bhliadhna. Bha iad beagan crosda gu robh mearachdan anns an stuth mu dheidhinn an fhèis aca ann an leabhar ur na fèise agus nach robh dealbh den fhèis ann!

Fèis Latharna

- A' dol air adhart mar as àbhaist. Tha iad an dòchas gu faigh iad airgid bho SAC!
- Chaidh comataidh ur a chur air bhonn an t-seachdain sa chaidh.

Fèis Lannraig a Tuath

- Seo an t-àm a bhios iad a' dèanamh "fundraising" leis a sin tha iad gu math trang an-dràsta.

Fèis Mhuile

- Tha iad seo air atharrachadh a-rithist! Tha iad gam chuir droll leis cho tric sa bhios iad a' dèanamh rudan neònach. Tha mi am beachd a dhol a-null a choimhead orra a dh'aithghearr.

Muile/Latharna pròiseact

- Air tighinn gu crìoch agus tha mi a' dèanamh aithisg dhan SAC an-dràsta.

Fèis Òigridh Ile

- Tha iadsan an-dràsta coimhead air adhart airson taic airgid airson "musician in residence" fhaighinn agus tha iad trang a' cuir air dòigh fèis anns A' Ghearran

Fèis Òigridh Ghlaschu

- Tha mi a' smaointinn gu bheil an fhèis seo a' faighinn taic airgid bho Chomhairle Ghlaschu agus chan eil iad idir a' tarraing taic bho Fèisean nan Gàidheal!

Fèis Chile Chonbhail

- Air rèir Alasdair Law, tha iad trang, trang an-dràsta a' cuir air dòigh cùisean airson an ath bhliadhna

Fèis Ghlaschu

- Tha mi fhathast a' feitheamh airson beachd bho an fhèis seo, tha doirbh greim fhaighinn orra ach tha mi a' smaointinn gu bheil cùisean a dol dhaibh glè mhath.

Fèis Thiriodh

- Trang a' cuir cùisean air dòigh, tha clasaichean a' dol fhathast fad a' gheamhraidh

Fèis Cheann Loch Goil

- Tha iadsan a' dol gu làidir. Tha iad a' cuir air bonn fèis da latha sa Màrt 2007 agus a' dol timcheall air na sgoiltean

Gnothaichean Ur

- Tha mi a' feuchainn air cùisean a chumail a' dol a bhos sa cheann seo an Earra-Ghàidheal agus cuideachd ri daoine a' brosnachadh barrachd a dhèanamh airson barrachd Gàidhlig a chumail a' dol an seo.

Coinneamhan

An t-Sultain:

- Uibhist a Deas (1)
- Apainn (1)
- Glaschu (3)
- An t-Òban (3)
- Ceann Loch Goil (1)

An Dàmhair

- An t-Òban (3)
- Glaschu (3)
- Dùn Èideann (1)
- An Gearastan (1)
- Baile Eilidh (1)

An t-Samhain

- Glaschu (4)
- Inbhir Nis (1)
- Baile Eilidh (1)
- Ardrishaig (1)

Tachartasan

- Dèanamh Disclosures

- A trèanadh airson bhidio agus deasachadh
- A dol gu cùrsa trèanaidh airson gràmar Gàidhlig
- A cuir air dòigh iarrtas YMI airson Fèis Latharna
- A dèanamh rannsachadh airson "podcasting"

Dougie Beck, Oifigear Gàidhlig (Dràma)

Blas

Bha mi nam fhear an taighe aig consartan Blas ann an Inbhir Ùige, Diùranais, Srath Pheofhair, Ceann a' Ghiùthsaidh, Baile an Todhair agus Inbhir Garadh, agus bha na cuirmean seo uile gu math soirbheachail.

Sgioba-G

Bha mi aig Fèis Spè airson latha, far an robh mi a' cuideachadh le bhith a' cur Sgioba-G air dòigh airson na seachdain.

Bha mi gu mòr an sàs anns an deireadh-seachdain trèanaidh a chaidh a chumail ann am Peairt aig toiseach na Samhna do dhaoine a tha ag iarraidh Gàidhlig a theagasg mar phàirt de Sgioba-G. Bha mi a' cumail bhùthan-obrach ann an caochladh de dhiofar chuspairean, leithid dràma agus geamannan.

Am Mòd

Chaidh mi fhìn agus Calum Ailig a Dhùn Omhainn far an robh sinn a' cumail bhùthan-obrach ann an obair-ealain do chloinn a bha a' frithealadh nan co-fharpaisean. Thàinig mu 50 duine-chloinne, às a h-uile sgìre de dh'Alba, chun nam bùthan-obrach.

Làrach-lìn etc

Tha mi fhìn agus Chris Deplano air coinneachadh airson bruidhinn mun làrach-lìn ùr, gu sònraichte mu dhòighean gus deugairean a bhrosnachadh gu bhith a' cleachdadh na Gàidhlig ann an dòighean cruthachail (podcasting etc). Choinnich mi cuideachd ri Christine airson bruidhinn mun aon chuspair. Tha sinn den bheachd gur e goireas coltach ri Bebo no MySpace, ach ann an Gàidhlig, a tha dhìth air deugairean, ach dh'fhaodadh duilgheadasan a bhith ann a thaobh sàbhailteachd air-loidhne.

Pròiseact Dràma Leòdhais agus na Hearadh

Chaidh mise agus Fiona gu sia bun-sgoiltean (Steòrnabhagh, Am Bac, Breascleit, Siabost, An Àird agus An t-Òb,) ann an Leòdhas agus na Hearadh aig toiseach na Samhna airson ciad bhùthan-obrach a' phròiseict a dhèanamh. Tha dà sgoil eile air tighinn air-bòrd bhon uair sin (Lacasdal agus Barabhas). Bidh neach eile a' dol dha na sgoiltean a-rithist seachdain 11 Dùbhlachd, agus an uair sin aon turas eile san Fhaoilleach. Tha An Lanntair ann an Steòrnabhagh air aontachadh oidhche a thoirt dhuinn san theatar aca (saor 's an asgaidh) mar phàirt den Fhèis Dràma aca a bhios a' ruith sa Mhàrt. Bheir seo cothrom don chloinn na rinn iad san sgoil a thaisbeanadh don mhòr-shluagh. 'S e amas a' phròiseict gum faigh a' chlann cothrom beagan dràma a dhèanamh, le bhith ag ullachadh dealbh-chluich ghoirid mu 15 mionaidean a dh'fhaide a bhios stèidhichte air beul-aithris na sgìre anns a bheil an sgoil aca.

A' leantainn air cho soirbheachail 's a bha e an-uiridh, bidh Pròiseact Dràma Earra Ghàidheal a' toiseachadh san fhaoilleach. An turas-sa bidh e a' gabhail a-staigh sgoiltean nan Garbh-chrìochan a bharrachd air sgoiltean Earra Ghàidheal. Bidh mi fhìn a' dol timcheall cuid de na sgoiltean.

Meanbh-chuileag

Tha deasachadh-stèidse a' dol air adhart an-dràsta mu choinneamh na deilbh-chluiche ùir **Le Meas**. Tha an dealbh-chluich stèidhichte an dà chuid ann an Glaschu agus Afghanistan, agus tha i ag innse sgeulachd Chris (Colla Dòmhnallach) agus Maram (Deirdre Ghreumach) a tha air coinneachadh air an eadar-lìon. Tha làmh an uachdair aig na hormones air Chris an-dràsta agus tha e den bheachd gu bheil a h-uile duine na aghaidh, gu h-àraid muinntir na sgoile agus a mhàthair. Tha a h-uile càil ag atharrachadh nuair a choinnicheas e ri Maram air an eadar-lìon, oir tha e a' faighinn a-mach dè cho fortanach 's a tha e a bhith a' fuireach ann an dùthaich 'leasaichte' mar Alba. Tha an dealbh-chluich ri faighinn sa Ghàidhlig a-mhàin agus tha i freagarrach do bhliadhnaichean 4 gu 7 sa bhun-sgoil. A bharrachd air an dealbh-chluich fhèin, gheibh gach sgoil bùth-obrach stèidhichte air na cuspairean a tha a' nochdadh san dealbh-chluich agus pasgan de stuthan-taice.

Seo a' chiad turas a tha Meanbh-chuileag air dealbh-chluich a dhèanamh le dithis chleasaichean a-mhàin. Tha mise air a bhith gan stiùireadh agus a' dèanamh obair air uidheamachd-stèidse is eile.

Bidh an sgioba a' tadhal air co-dhiù 55 sgoiltean eadar seo agus deireadh a' Mhàirt anns a h-uile sgìre de dh'Alba.

Obair eile

Bidh mi a' cumail bùth-obrach ann an Word agus Photoshop do luchd-obrach FnG sa Choingheal mu mheadhan na Dùbhlachd.

Calum Ailig MacMhaolain, Oifigear Gàidhlig

Sgioba G aig Fèisean

Bho toiseach an t-Sultain tha trì Fèisean air a bhi aig an Sgioba-G.

Fèis Cille Mhòraig

Chaidh an fhèis seo a chumail air an 22/23 Sultain. Bha an dithis a bha ann mar phàirt den sgioba ag obair le clasaichean fad an dà là, agus bha iad a' cuideachadh le consart na cloinne. Cha robh an Fhèis glè làidir a thaobh na Gàidhlig agus bha e math gu robh an Sgioba-G ann.

Fèis Spè

Air an sheachdain 9-13 Dàmhair bha an Sgioba-G aig Fèis Spè. Bha ùine sònraichte airson clasaichean na cuir-seachadan aig an Sgioba-G. Fhuair an dithis a bha dèanamh an Sgioba-G cuideachadh bho triùir eile dhan luchd-teagaisg aig a robh Gàidhlig. Cha do dh'obraich na clasaichean cho math sa bha sinn an dòchas aig an Fhèis seo ach dh'ionnsaich sinn tòrr bhon an seo agus tha mi 'n dòchas a bhi 'g obair còmhla ris a' chomataidh airson plana tha freagarrach airson an Fhèis fhèin agus obair an Sgioba-G.

Fèis a Bhaile

Air an seachdain 16-20 Dàmhair bha an Sgioba-G aig Fèis a' Bhaile. Bha dà chlasaichean airson an Sgioba-G an seo, 15mionaidean sa mhadainn agus 15mionaidean san fheasgair. Dh'obraich na clasaichean glè mhath ann an seo, bha an ùine rud beag ro ghoirid son pròiseactan mòr a' toiseachadh ach a dh'aindeoin sin dh'obraich e glè mhath.

Fèis Òigridh na Mara

Gu mi-fhortanach chaidh an Fhèis seo a chuir dheth. Bha iad ag iarraidh Sgioba-G agus nuair a bhios an Fhèis seo air a-rithist bidh iad ann.

Cùrsa Gràmair

Aig toiseach an Dàmhair chaidh mi air Cùrsa a bha Clì a' ruith airson Gràmair. Chòrd seo rium agus bha e uabhasach feumail dhomh.

Mòd Dhùn-Omhain

Chaidh mi fhìn is Dougie sìos chun a' Mhòd ann an Dùn-Omhain air an 16 agus 17 Dàmhair airson bùthan obrach a dhèanamh do chloinne. Bha sinn ag obair còmhla ri Fay NicDhiarmaid bho CNAG/Sradagan air na làithean seo.

Bha na bùthan obrach airson clann eadar 5-12 bliadhna dh'aois agus bha sinn ag obair air pròiseactan ealain a' dèanamh 4 bùthan obrach gach latha. Rinn Fiona NicCoinnich bhon an caidreachas Màiri Mhòr bùth-obrach dhuinn air òrain agus sgeulachdan cloinne Dimàirt. Bha iad seo gu math soirbheachail le còrr is 40 cloinne thairis air an dà latha. Bha tidsearan a' tighinn leis na sgoilearan aca agus bha iad uile ag ràdh gu robh e math an leithid rud seo a bhith ann. Bha e cuideachd gu math follaiseach gu robh e còrdadh ris a' chloinn.

Coinneachadh agus Obair le Chris

Thànaig Chris a-null a dh'Inbhir Nis airson trèanadh a thoirt dhuinn le Adobe Audition. Bha seo uabhasach inntinneach agus feumail dhuinn a thaobh obair airson an làrach-lìn ùra. Tha mi cuideachd air a bhith ag obair còmhla ri Chris air brathan naidheachd a bhios Fèisean nan Gàidheal a' cur a-mach, air an Rèidio agus ann an litrichean.

Deireadh Seachdain Trèanaidh.

Air an 4 is 5 Samhain chum sinn làithean trèanaidh airson feadhainn a bha ag iarraidh a bhith ag obair mar phàirt den an Sgioba-G againn.

Aig an toiseach bha sinn an dùil gum biodh mu fhichead duine againn an làthair ach mar a dh'obraich cuisean bha ceithir-deug againn ged a bha ùidh aig daoine eile ann an obair an Sgioba-G cha b'urrainn dhaibh thighinn air na làithean seo.

Chuir mi pasgan air dòigh airson na làithean seo a bha làn de fiosrachadh mu dheidhinn Gàidhlig aig Fèisean agus obair an Sgioba-G, agus na cuir-seachadan a bhios iad a' ruith, m.e. geamannan, ceisteachain, pròiseactan ealain agus cuir-seachadan eile bhios an Sgioba-G a' dèanamh. Dh'obraich sinn tron am pasgan seo a' sealltainn gu h-àiridh air am poileasaidh Gàidhlig, Gàidhlig aig Fèisean, agus na clasaichean de chuir-seachadan a bhios an Sgioba-G a' ruith. Cuideachd chaidh sinn thairis air dleasdanasan eile bhiodh aig nan fheadhainn a bhios ag obair mar phàirt den Sgioba-G.

Thug sinn cothrom dhaibh smaoinichadh air pròiseact a bhiodh freagarrach airson cuir-seachadan an Sgioba-G agus fhuair sinn beachdan a bha math dha rìribh. Bha an trèanadh gu math soirbheachail agus tha nis còrr is fichead duine againn a tha comasach air obair an Sgioba-G a dhèanamh.

Tha sinn uabhasach taingeil gu Caomhain Rodgers, Oifigeir Gàidhlig aig Comhairle Sgìre Peairt 's Cinn Rois, a thug taic airgid dhuinn airson na làithean seo agus chuidich sinn leis an taigh-òsda chur air dòigh.

Sgioba-G aig Fèisean eile

Tha tòrr iarrtas airson an Sgioba-G aig Fèisean a-nis agus tha sinn a' sùileachadh gum fàsaidh seo anns an ath-bhladhna. Tha dà Fhèis ag iarraidh an Sgioba-G anns a Ghearran.

Fèis Obar Dheathain

Tha an Fhèis ag iarraidh an Sgioba-G air ais anns a' Ghearran. Chaidh mi gu coinneamh anns an Dàmhair còmhla riutha agus bha sinn ag aontachadh air ùine sònraichte a dhèanamh airson clasaichean an Sgioba-G agus bha sinn cuideachd a' bruidhinn air na rudan eile dh'fhaodadh an Sgioba-G a' dèanamh a bharrachd air na clasaichean Gàidhlig.

Fèis Dhùn Èideann

Tha an Fhèis seo ag iarraidh an Sgioba-G airson a' chiad uair. Tha mi air a bhith bruidhinn riutha agus tha sinn air aontachadh air ùine sònraichte son na clasaichean Sgioba-G. Cuideachd bhruidhinn sinn air dleasdanasan eile an Sgioba-G a bharrachd air a bhith os cionn na clasaichean Gàidhlig.

Tha mi ag obair air clàr de choinneamhan an-dràsta son a bhith dol a-mach chun na Fèisean airson innse dhaibh mun a' Sgioba-G agus na buannachdan a tha tighinn leis an Sgioba.

Obair anns an àm ri teachd

Tha mi ag obair air fiosrachadh ùr airson a chur a-mach gu na Fèisean ag innse mun a Sgioba-G, mar a bhios na clasaichean ag obair aig na Fèisean agus cuideachd air dleasdanasan eile a dh'fhaodadh a bhith aig an Sgioba-G aig an Fhèis a bharrachd air a bhith os cionn na clasaichean Gàidhlig. Tha sinn a' smaoinichadh gum b'urrainn dhan an Sgioba-G cuideachadh mòr a thoirt dha na Fèisean.

Tha mi ag obair air program da chuir-seachadan ùra Sgioba-G, rudan a bhios inntinneach agus tarraingeach do chloinne agus a bheir ionnsachadh dhaibh ann an Gàidhlig aig ìre a tha freagarrach is feumail.

Tha mi cuideachd ag obair air clàr de choinneamhan a dhèanamh an àrd airson faighinn a-mach sa bruidhinn ri Comataidhean na Fèisean mu na poileasaidhean Gàidhlig aca fhèin agus dhan cuideachadh le gnothaichean a tha ceangailte ris a' Ghàidhlig.

Bidh mi a' toirt cuideachadh gu Chris leis an làrach ùra agus gnothaichean eile le brathan-naidheachd agus a' leithid.

Chris DePlano, Oifigeir Chonaltraidh is Margaideachd

Aig toiseach an dreuchd ùr agam, chuir mi crìoch air rudan ceangailte ri pròiseact an leabhar. Aig deireadh an Dàmhair fhuair sinn 4,000 leth-bhreacan den an leabhar ùr. Nuair a-nochd iad, thòisich mi a' deasachadh airson an iomairt fhoillseachaidh. Chuir mi a-mach còrr is 300 cuireadh airson an iomairt agus mu 150 leabhraichean dha na daoine a bha an sàs anns a' phròiseact agus na buidhnean a thug taic dhan iomairt.

Aig an ìre sa, tha dùil agam iomairt fhoillseachaidh a chuir air dòigh ann an Taigh-Òsda Alexandra, anns a' Ghearasdan, aig na Duaisean Ciùil Thraidiseanta.

Cuideachd, tha mi air a bhith ag obair air làrach-lìn ùr Fhèisean nan Gaidheal agus Fèis Bhlas, a' rannsachadh agus a' dealbhadh airson structar na làrach, ag obair le Pelican-Design ann am Port Rìgh. Tha mi an dòchas gun tèid an làrach-lìn beò sa bhliadhna ùr.

Mar phàirt den iomairt ùr seo, chuir mi seachad latha ag obair leis an sgioba ann an Inbhir Nis. Sheall mi dhaibh mar a ni iad Mp3 airson 'podcasting' a dhèanamh air an làrach-lìn ùr. Bhruidhinn sinn san fharsaingeachd air am poileasaidh Gàidhlig agus an dòigh anns am bi Sgioba-G air a shealltainn air an làrach-lìn ùr. Choinnich mi cuideachd le Brian O' Headhra airson bruidhinn mu dheidhinn làrach-lìn Fhèis Blas.

As dèidh bliadhna gu leth, thèid iris ùr Faileas fhoillseachadh airson na duaisean ciùil thraidiseanta, agus am iomairt-fhoillseachaidh. Ged a thuig an fhoillseachadh beagan na b'fhaide na bha dùil, tha mi cinnteach gum bi a h-uile duine toilichte leis.

A thaobh naidheachdan, tha mi air pìos air iomairt Sgioba-G ann am Peairt fhaighinn air Rèidio nan Gaidheal agus tha dùil aig De-a-Nis? rud a dhèanamh ann an Inbhir Nis le clann bho Fhèis a' Bhaile.

A thaobh trèanadh, chuir mi seachad dà latha air cùrsa 'strategic marketing' le Hi-Arts agus tha dùil agam tòrr a bharrachd trèanadh a dhèanamh a dh'aithghearr.

Fèisean nan Gàidheal

Taghadh Buill a' Bhùird

Agenda Item: 4.2006.05(c)

Chaidh cuireadh a thoirt do na Fèisean dhaoine a' cur air adhart airson a bhith nam buill de bhòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal, airson trì bliadhnaichean, mar a leanas:

- An tagraiche leis an àireamh as motha de bhòtaichean bho sgìre nan Eileanan Siar
- An tagraiche leis an àireamh as motha de bhòtaichean bho sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd
- An tagraiche leis an àireamh as motha de bhòtaichean bho Earra-Ghàidheal agus Bòid
- An tagraiche leis an àireamh as motha de bhòtaichean bho na sgìrean eile far a bheil Fèisean a' tachairt

Leis nach robh ach aon tagraiche bho sgìre Earra-Ghàidheal agus Bòid, tha Ealasaid Nic Ille Bhàin a' faighinn àite air a' Bhòrd airson trì bliadhnaichean.

Leis nach robh ach aon tagraiche bho na sgìrean eile far a bheil Fèisean a' tachairt, tha Micheal Mac Suibne a' faighinn àite air a' Bhòrd airson trì bliadhnaichean.

Leis nach d' fhuair sinn tagraiche sam bith bho na Fèisean air a' Ghàidhealtachd no anns na h-Eileanan an Iar, tha sinn air cothrom eile a thabhann dhaibh ainmean a chur air adhart, agus feumaidh na h-ainmean sin a bhith agam ro Dhiluain 4 Dùbhlachd.

Bheir mi fiosrachadh as ùire don Bhòrd aig a' choinneimh air mar a chaidh dhuinn a' sireadh ainmean, agus mur a shoirbhich leinn, feumaidh am Bòrd co-dhùnadh a dhèanamh air dòighean eile na beàrnan seo a lìonadh.

Art MacCarraig
Stiùiriche
Dùbhlachd 2006



Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d fios@feisean.org
www.feisean.org